# Beachdan a thaobh cothrom agus mì-chinnt

| Teirmean | Eisimpleirean | Mìneachaidhean |
|---|---|---|
| **Cinnt** | | A' **choltachd** gun gabh tachartas àite gu cinnteach. |
| **Cothrom** | **Eisimpleirean de chothrom**<br><br>Tha 11 bàlaichean sa bhogsa.<br>Tha cothrom 4/11 bàla dearg a tharraing.<br>Tha cothrom 4/11 bàla buidhe a tharraing.<br>Tha cothrom 1/11 bàla gorm a tharraing.<br>Is e cothrom 2/11 bàla orains a tharraing.<br><br>Dh'fhaodadh a thuairmseadh bho na cothroman obraichte a-mach gu bheil:<br>• Cothrom co-ionann bàla dearg no buidhe a tharraing.<br>• Nas coltaiche bàla dearg no buidhe a tharraing.<br>• Nas lugha cothrom bàla gorm a tharraing. | An àireamh de thursan a tha tachartas coltach àite a ghabhail ann an coimeas ris an àireamh de thursan a dh'fhaodadh e tachairt.<br><br>Mar eisimpleir;<br><br>Tha cothrom 1 ann an 6 air an àireamh 3 a thilgeil air dìsinn a tha air ainmeachadh 1-6. Tha e coltach gun tachair e aon uair oir chan eil ach aon àireamh 3 air an dìsinn ach dh'fhaodadh e tachairt 6 tursan. |
| **Builean** | | A' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig co-dhùnadh ort fhèin agus air càch. Mar eisimpleir: a' leughadh leubailean bìdh nuair a thathar a' ceannach airson an teaghlaich – tha a' mhòr-chuid de na nithean bìdh ag ràdh gu bheil iad àrd ann an siùcar, geir agus calaraidhean. Ma dh'ithear am biadh seo gach oidhche, dh'fhaodadh gum bi lobhadh fhiaclan rè ùine, cur ort cuideam beag air bheag, is eile na bhuil don teaghlach. |
| **Co-dhùnaidhean** | | Aithrisean a dhèanamh mu sheata **dàta** stèidhichte air na builean. |

# Beachdan a thaobh cothrom agus mì-chinnt

<table>
<tr><td>Tachartas</td><td></td><td>Buil shingilte deuchainne.</td></tr>
<tr><td>Clàr triceid</td><td>

| Àireamh de chàraichean a' dol seachad air sgoil | | |
|---|---|---|
| Dath | Comharran shràcan | Tricead |
| Dearg | 𝍸 I | 6 |
| Airgead | 𝍸 𝍸 II | 12 |
| Geal | 𝍸 𝍸𝍸 II | 17 |
| Uaine | IIII | 4 |
| Gorm | 𝍸 IIII | 9 |
| Dubh | 𝍸 | 5 |
| Òr | I | 1 |
</td><td>Clàr a thathar a' cleachdadh airson comharran shràcan a sgrìobhadh agus a' sealltainn tricead gach nì fa leth.</td></tr>
<tr><td>Cànan coltachd</td><td></td><td>Na facail a chleachdar airson iomradh a thoirt air coltachd no cothrom air tachartas àite a ghabhail. Faodaidh facail a bhith a' gabhail a-steach; gu bràth, uaireannan, an-còmhnaidh, coltach, aocoltach, so-dhèanta, do-dhèanta, cinnteach, mì-chinnteach, cothrom aon ann an deich, cothrom 50/50, is eile.</td></tr>
<tr><td>Coltachd</td><td></td><td>An cothrom gun gabh tachartas àite.</td></tr>
<tr><td>Ro-innsean</td><td></td><td>Tomhas foghlamaichte air tachartasan san àm ri teachd stèidhichte air eòlas roimhe, me ro-innse na sìde san Dùbhlachd.</td></tr>
<tr><td>Coltachd</td><td></td><td>Cho coltach 's a tha e gun tachair rudeigin – air obrachadh a-mach mar an àireamh de thursan a ghabh tachartas àite ann an da-rìribh, air a roinn leis an àireamh de thachartasan a tha coltach tachairt. Faodar a lìbhrigeadh mar bhloigh, bloigh deicheach no ceudad.</td></tr>
<tr><td>Mì-chinnt</td><td></td><td>A' choltachd gur dòcha nach gabh tachartas àite.</td></tr>
</table>